



## Tìotal: Caraidean agus dàimh

### Pàirt 1: Mo charaidean/A bhith nad charaid

Ìre: A' CHIAD

#### Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<ul style="list-style-type: none"><li>Tha mi mothachail air mar a tha sinn a' dèanamh charaidean agus gum faod rudan as toigh leat, nach toigh leat, comasan no feuman sònraichte buaidh a thoirt air dàimhean. HWB 1-44a</li><li>Tha mi a' tuigsinn rudan math mu chàirdeasan agus mu dhàimhean, ach nuair a bhios rud sam bith a' cur dragh no ionnaidh orm tha fios agam cò ris a bhruidhneas mi. HWB 1-44b</li></ul>	Tha na h-Eòlasan/Builean seo nam pàirt de Slàinte is Sunnd – Dleastanas nan Uile a tha a' gabhail a-steach nan còig ìrean gus ionnsachadh agus leasachadh a chòmhdach ann an Slàinte is Sunnd. Chan eil slatan-tomhais ann airson nan E/B seo.

#### Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann mar a thogas iad dàimhean agus mar a chumas iad a' dol iad.
- Gun aithnich clann cò thuig an tèid iad ma tha iomagain no dragh orra mu dhàimhean rin co-aoisean.
- Gun smaoinich clann air na faireachdainnean a tha an lùib dhàimhean charaidean.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu bhith a' togail dhàimhean agus mu bhith gan cumail a' dol.
- Tha mi a' tuigsinn cho cudromach 's a tha coibhneas agus co-fhaireachdainn.
- Tha mi a' tuigsinn gum bi caradean a' dol far a chèile agus 's urrainn dhomh smaoinich air dòighean deimhinneach air seo a làimhseachadh.

#### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- What is a good friend?* Film goirid <https://youtu.be/ReMq3KX8F94> (faid 2 mhion. 1 diog)
- Craobh an dàimh, dealbh/iomhaighean airson duilleagan/blàthan, pinn/creidheanan, siosaran agus glaoth.
- Rudan aiorson a' ghnìomh '*Mise cuideachd*' (faic plana leasain puing 5).

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh an bhidio air dòigh ro-làimh, agus dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

## Obair

1. Tha ionnsachadh RSHP air a neartachadh mas urrainn dhan chloinn suidhe còmhla. Tòisich le bhith ag innse dhan chloinn gum bi iad a' dèanamh grunn ghnìomhan ionnsachaidh far am bi iad a' bruidhinn mu bhith na do charaid. Tòisich leis a' cheist air a' bhòrd gheal: **Dè th' ann an caraid?** Faigh beachdan bhuapa air freagairtean.
2. Inns dhan chlas/bhuidheann gu bheil sibh a' dol a choimhead film goirid far a bheil clann a' bruidhinn air 'dè th' ann an caraid'. Coimheadaibh am film còmhla, agus às a dhèidh, faigh a' chiad bheachdan aca, piobraich còmhraidh le ceistean mar: An tuirt a' chlann sa bhidio na rudan a thuir sibhse na bu thràithe? **Dè th' ann an deagh charaid?** <https://youtu.be/ReMq3KX8F94> (faid film 2 mhion.)
3. Tha am film a' crìochnachadh leis a' cheist: **An e deagh charaid a th' annadsa?** Cleachd a' cheist air a' bhòrd gheal agus iarr air a' bhuidheann bruidhinn ri caraid rin taobh gus cnuasachd a dhèanamh air a' cheist. An ceann ùine ghoirid, till a' chlann còmhla agus dèanaibh còmhraidh timcheall air a' cheist seo agus feadhainn eile: *Dè tha a' dèanamh caraid na dheagh charaid? Dè bhios deagh charaidean a' dèanamh dha chèile? Carson a dh'fheumas clann caraidean?*
4. **Craobh an dàimh.** Seall an slaighd. Inns dhan chlas/bhuidheann gu bheil iad a' dol a dhèanamh craobh dàimh, tha na duilleagan agus na blàthan air a' chraoibh a' sealltainn gach rud a tha cudromach mu bhith nad dheagh charaid. Tòisichibh le dealbh mòr sìmplidh de chraobh air pàipear-ealain. Inns dhan chloinn gum bi iad a' dèanamh dhuilleagan agus flùraichean a thèid a steigeadh air geugan na craoibh. Air gach duilleag no flùr bu chòir dhan chloinn dealbh a dhèanamh, no rud a sgrìobhadh ag dh'innseas na dh'iarradh iad ann an caraid no ann an dàimh. Tha eisimpleirean de dhuilleagan agus flùraichean sa phasgan mar thoiseach tòiseachaidh, ach iarr air a' chloinn an fheadhainn aca fhèin a dhèanamh. Sgeadaichibh a' chraobh fhad 's a tha sibh a' bruidhinn air a' chuspair agus dèanaibh taisbeanadh dhen obair. 'S dòcha gun gabh na flùraichean agus na duilleagan steigeadh air a' chraoibh mar bhuidheann 's a' chlann a' bruidhinn ri chèile fhad 's a tha iad ris. (Mura h-eil iad airson craobh a dhèanamh, faodaidh sibh gàrradh a dhèanamh le flùraichean agus planntaichean.)
5. **Mise cuideachd!** 'S dòcha gum bi àite farsaing a dh'ith oirbh airson a' ghèam seo. Bidh e na chuideachadh mas urrainn dhuibh na bùird a ghluasad chun an taoibh. Feumaidh sibh gu leòr a phàidhrichean de rudan beaga airson 's gum faod clann rud a thoirt às бага, gun a shealltainn do chàch, agus bidh aca an uair sin ri coiseachd timcheall agus an neach eile aig a bheil an aon rud riutha a lorg. Nuair a gheibh iad an neach sin, bu chòir dhaibh fàilte a chur air mar gur e caraidean a th' annta bho shean (faighnich dhaibh ciamar a dhèanadh neach sin?) agus an uair sin gum feuch iad ri rud a tha gan ceangal fhaighinn (thoir seachad eisimpleirean, 's dòcha gun toigh leis an dithis agaibh Minecraft, no gu bheil spèileadh-deighe a' còrdadh ribh, no gu bheil an aon pheata agaibh) agus bruidhinn air. Faodaidh rud sam bith a bhith sa bhaga, dà phios cairt dhen aon chumadh, dà spàinn bheag... Às dèidh gach còmhraidh, till a h-uile sìon dhan bhaga agus tòisich a-rithist. Cluich an gèam cho fad 's a tha na còmhraidhean beothail. Bidh e fuaimneach.
6. Air ais sa chearcall, faighnich dhan chloinn mu na fhuair iad a-mach mu chèile.

## Beachdan eile

- Dèanaibh taisbeanadh dhen chraoibh san sgoil. Iarr air diofar bhuidhnean de chlann a sealltainn agus bruidhinn mu deidhinn ri clasaichean eile.
- Tog dealbh dhen chraoibh agus iarr air feadhainn dhen chloinn *blog* a sgrìobhadh agus a chur air làrach-lìn na sgoile.

## Ceangal ris an dachaigh

*Faodaidh sibh an teacsa seo a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh ag innse mu na bhios a' chlann ag ionnsachadh sa bhloc ionnsachaidh seo.*

Thairis air grunn leasanan bidh a' chlann ag ionnsachadh mu dhàimh, agus bidh iad air am brosnachadh gus smaoinichadh air na bhiodh iad ag iarraidh bho charaid, agus dè san eòrsa caraaid a bhiodh annta. Bidh a' chlann a' coimhead air na rudan a tha math/deimhinneach mu dhàimhean agus a' bhuaidh, a bharrachd air cuid de na dùbhlain a tha an lùib a bhith a' làimhseachadh dhàimhean. Faodaidh dragh a bhith air clann mu dhàimhean agus faodaidh eas-aonta agus trod a bhith am measg charaidean. Tha sinn ag iarraidh clas a chruthachadh far a bheil faireachdainn deimhinneach agus far am bi clann rèidh. Tha sinn ag iarraidh gun ionnsaich clann mar a dhèiligeas iad ri dàimhean a bhios suas is sìos. Bidh sinn a' cuideachadh clann gus tuigsinn nach fheum iad idir a bhith nam fìor dheagh charaidean, ach gum faod iad a bhith càirdeil agus coibhneil.

Nuair a bheir a' chlann dhachaigh cuid den obair a tha sinn a' dèanamh sa chlas/bhuidheann, faighnichibh ceistean dhaibh airson tuilleadh fhaighinn a-mach. Tha grunn leabhraichean a dh'fhaodadh a bhith san leabharlann ionadail agaibh a chuidicheas a' chlann gu bhith ag ionnsachadh mu dhàimhean. Seo feadhainn dhiubh san liosta gu h-ìosal. Ma tha dragh sam bith oirbh mu dhàimhean ur cloinne, na biodh leisg oirbh tighinn a bhruidhinn rinn.

- *The Invisible Boy* le Trudy Ludwig
- *Bullies, Bigmouths and So-called Friends* le Jenny Alexander
- *Have you filled a bucket today?* le Carol McLeod
- *Growing up with a bucketful of Happiness: Three rules for a Happier Life* le Carol McLeod
- *Charlotte's Web* le EB White
- *Things that Surprise You* le Jennifer Maschari
- *The Seeds of Friendship* le Michael Foreman

## Tha goireasan eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

Coibhneas agus co-fhaireachdainn

Nuair a bhios caraidean a' dol far a chèile

## Notaichean tidseir

